

AINM: CLAS:

Ìre 4-7 Fìleantaich

Bùrn

le Iain Mac a' Ghobhainn



***Mun cuairt orra nan dithis bha bùrach a' chogaidh:
salchair na talmhainn làn bùirn 's a' gluasad mar nì beò.***

Bhiodh e feumail sùil a thoirt air eachdraidh a' Chiad Chogaidh mus tòisich thu air an sgeulachd seo. Bheireadh sin barrachd tuigse dhut air tachartasan san sgeulachd.

Leughadh: Bhiodh **An Cogadh Mòr 1914-1918** (Acair) feumail airson tòrr fiosrachaidh agus dealbhan a thoirt dhut.

Bàrdachd

Smeòrach Mi – Cogadh is Còmhstri (Stòrlann)
Làrach nam bàrd (BBC)

www.bbc.co.uk/scotland/alba/foghlam/larachnambard/lit_crit/domhnall_ruadh_choruna.shtml

An Eala Bhàn
Air an Somme

www.bbc.co.uk/scotland/alba/foghlam/larachnambard/lit_crit/murchadh_macpharlain4.shtml

Raoir Reubadh an Iolaire
Naoi Ceud Deug 's a Ceithir Deug

Làraich-lìn: www.bbc.co.uk/alba/foghlam
www.ambaile.org.uk

Obair Clas

Cò ris a bhiodh e coltach a bhith an sàs sa chogadh? Dè na rudan as motha a bhiodh a' cur dragh ort? Smaoinich air na rudan a chunnaic daoine agus na dh'fhuiling na saighdearan thall san Fhraing. Am faca tu riamh filmichean no prògraman air an TBh mun chogadh? Dè na rudan air a bheil cuimhn' agad, agus carson a bha buaidh aca ort?

Ceistean

Leugh an sgeulachd **Bùrn** agus freagair na ceistean a leanas:

1. Ciamar a bhiodh an Gearmailteach a' faireachdainn aig toiseach na sgeòil, agus carson?
2. Carson a chuir an t-ùghdar seachad tòrr ùine sa chiad earrainn ag innse mu choltas an àite? *"Mun cuairt orra, bha bùrach a' chogaidh..."* Thoir seachad eisimpleirean de na dh'ainmich e.
3. Tagh samhla sònraichte bhon earrainn agus mìnich carson a tha e cho soirbheachail ann a bhith a' toirt dhuinn sealladh an àite.
4. Ciamar a thòisich na saighdearan air eòlas a chur air a chèile? Dè na rudan a bha a' cur bacadh air conaltradh eatarra?
5. Dè an dà rud as motha a tha a' cur dragh air lain an latha ud? (Tagh dà fhacal gu h-ìosal)

Cianalas Sgìths Acras Pathadh Tinneas Eagal

- 6a. Dè thachair don Ghearmailteach aig an deireadh?
- b. Carson a tha seo cho duilich?
7. Carson nach eil an leughadair a' cur coire air lain a dh'aindeoin na rinn e?
8. Tagh samhla bhon deireadh a sheallas dhuinn mar a bha fuil a' Ghearmailtich a' sruthadh air falbh. Dè cho èifeachdach 's a tha an samhla seo?
- 9a. Dè na cuspairean as motha a tha a' nochdadh san sgeulachd seo? Tagh bhon liosta gu h-ìosal:

gaol ceanglaichean teaghlaich cion conaltraidh
cogadh aonranas nàimhdeas

- b. Thoir seachad adhbhar airson do bheachd.
10. A bheil teachdaireachd san sgeulachd seo? Dè tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri ràdh? A bheil e air a bhith soirbheachail?

A' sgrìobhadh mu litreachas

Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd **Bùrn**. Bu chòir dhut na leanas ainmeachadh:

1. Ainm na sgeòil agus ainm an ùghdair
2. Suidheachadh
3. Cuspairean agus mar a tha an t-ùghdar a' dèiligeadh riutha
4. An teachdaireachd a tha air cùl na sgeòil
5. Dè cho soirbheachail 's a tha an t-ùghdar ann a bhith a' sealltainn seo dhan leughadair? Smaoinich air caractaran, ìomhaigheachd agus cruth na sgeòil.
6. A bheil thu air sgeulachdan sam bith eile a leughadh leis an aon ùghdar? An urrainn dhut coimeas a dhèanamh eatarra?
7. Cuidichidh na freagairtean a thug thu seachad gu h-àrd an lèirmheas a chur ri chèile. Dèan cinnteach gu bheil ruith mhath air na sgrìobhas tu agus gu bheil thu a' dèanamh soilleir gu bheil thu air an sgeulachd a thuigsinn. Feuch gun a bhith ag innse na sgeòil a-rithist. Tha e fada nas tlachdmhoire a bhith a' leughadh mu na h-adhbharan a tha air cùl na sgeòil agus mun dòigh anns an deach an sgeul a chruthachadh.



An-dràsta 's a-rithist chaidh a theanga tarsainn air a bhilean ach cha do dh'òl e drùdhag dheth.